

Am Plana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh: Sgrìobhainn Cho- chomhairleachaidh

Am Plana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh: Sgrìobhainn Cho-chomhairleachaidh

Ro-ràdh

Tha Riaghaltas na h-Alba ag ullachadh plana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha seo mar riatanas fon [Achd airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh \(Alba\) 2022](#), ris an deach aonta a chur as t-Samhradh 2022. Sa Phlana seo airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh chithear cinn-uidhe Riaghaltas na h-Alba airson phoileasaidhean bìdh agus fios air ciamar a tha sinn an dùil na cinn-uidhe sin a choileanadh.

Tha an siostam bìdh againn air leth soirbheachail: tha toradh ionmhasail luach mu £15 billean a' tighinn bho mhalairt roinn bìdh is dheochan na h-Alba gach bliadhna, agus rinneadh as-mhalairt luach £8.1 billean le biadh is deochan na h-Alba ann an 2022. Tha gnìomhachas iomraiteach a' bhìdh againn a' toirt cosnadh do dh'iomadh neach eadar margaidhean ionadail nan tuathanach agus as-mhalairt eadar-nàiseanta far a bheil a' reic sàr thoraidhean bìdh na h-Alba air feadh an t-saoghail. Tha an soirbheachas seo a' cur taic ri math luchd-obrach roinn a' bhìdh is nan deochan, agus tha e a' ciallachadh gu bheil e nas fhasa dhan t-sluagh cothrom fhaighinn air biadh fallain. Tha biadh a' toirt cothrom do shluagh fallainn air beatha mhath is slàinte. Le bhith a' cur obair an sàs a thaobh Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, tha sinn a' gabhail ealla ri sin agus ris cho cudromach 's a tha roinn bìdh is dheochan na h-Alba dhan eaconamaidh againn, agus cuideachd do ar cultar, dualchas, agus comann-sòisealta.

Tha biadh riatanach do gach rud a nì sinn, ach faodaidh sinn gabhail ris a' sin gun smaoineachadh uaireannan agus faodaidh sinn dìochuimhneachadh mun t-siostam-sholair a bheir am biadh dhuinn. Ged a tha tòrr rudan san t-siostam bhìdh againn a tha rim moladh, tha dùbhlain ann cuideachd ris am feum sin aghaidh a chur: tha an siostam bìdh agus na daoine a tha ag obair ann an roinn a' bhìdh airidh agus feumach air stiùbhardachd is cùram. Tha e mar aon de na prìomh amasan le Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh cùisean atharrachadh gus an urrainn do dhaoine roghainnean nas fhallaine a dhèanamh a thaobh na dh'itheas iad.

Tha fios againn gum bi tòrr dhachaighean ann an Alba a' dèiligeadh ri neo-thèarainteachd bìdh gu cunbhalach no gum bi iad a' gabhail dragh bho àm gu àm air mar a gheibh iad cothrom air biadh. Cuideachd, tha euslaintean co-cheangailte ri daithead nas cumanta ann an coimhearsnachdan a tha fo easbhaidh. Fhad 's a tha sinn a' dèanamh oidhirp gus ar n-amasan a choileanadh airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, feumaidh sinn sin a dhèanamh airson a h-uile coimhearsnachd agus cha dèanar dearmad air neach sam bith. Ma tha sinn gu bhith nar Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh feumar neo-ionannachd shòiseo-eaconamach is seòrsaichean neo-ionannachd eile a lùghdachadh. Nuair a bhithear a' cruthachadh phoileasaidhean bìdh ùra gus co-fhreagairt air na builean farsaing sa phlana seo, feumar beachdachadh, mar phrìomhachas, air leithid a neo-ionannachd gus dèanamh cinnteach nach bi builean ann ris nach robh dùil.

Tha Riaghaltas na h-Alba ri gnìomhan mu thràth gus ìrean neo-ionannachd a lùghdachadh; gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd daingneachd is

tèarainteachd ann a thaobh biadh; gus roghainnean bìdh fallain is ionadail a thoirt do dhaoine; agus gus taic a thoirt do roinn a' bhìdh is nan deochan, fhad 's a tha sinn ag obair gus ar cinn-uidhe airson cothromachadh-carboin a choileanadh. Ge-tà, bheir e ùine na h-atharraichean cudromach is na h-atharraichean fad-ùine a tha dhìth air ar siostam-bìdh a chur an sàs agus na cinn-uidhe lèirsinneach againn a thaobh biadh a choileanadh. Mar a tha cùisean an-dràsta, chan eil làn-smachd aig Riaghaltas na h-Alba air gach cumhachd a ghabhas cleachdadh gus atharraichean a thoirt air siostam a' bhìdh agus gus cur ris na cothroman a th' aig daoine air biadh nas fhallaine. Tha Brexit cuideachd air buaidh nach beag a thoirt air cùisean: tha an RA a-nis taobh a-muigh an EU agus feumaidh i na h-aontaidhean-malairt aice fhèin a chur air dòigh. Cuideachd, tha nas lugha comais buileach aig Alba siostam a' bhìdh againn atharrachadh seach nach eil sinn air ar riochdachadh mar dhùthaich fa leth ann an leithid a chòmhradhean is co-rèiteachaidhean a thèid a chumail aig ìre eadar-nàiseanta.

Bhiodh làn-smachd aig Alba neo-eisimeileach air gach cumhachd is stòras co-cheangailte ri poileasaidhean bìdh, agus bheireadh sin buaidh air na b' urrainn dhuinn a choileanadh agus air cho luath 's a thigeadh adhartas. Tha sinn a' foillseachadh sreath de phàipearan air a' chuspair [A' Cruthachadh Alba Ùr](#): tha na pàipearan seo mar ro-shealladh airson Alba neo-eisimeileach agus tha iad a' toirt iomradh air grunn chùisean co-cheangailte ri biadh.

Tha a' chiad Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' sealltainn mar a tha Riaghaltas na h-Alba an dùil ar cuid chumhachdan is chomasan a chur gu feum gus obrachadh còmhla ri daoine, coimhearsnachdan, gnothachasan, buidhnean-gnìomh is buidhnean gus ar n-amasan airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a choileanadh.

Sa chiad dreachd dhen Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh chithear na leanas:

- Pàirt a h-Aon, a tha a' toirt geàrr-chunntas air an eachdraidh air cùl a' Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus air mar a thèid am plana a thoirt gu buil. Chan eil am pàirt seo mar phàirt dhen cho-chomhairleachadh, ach gheibhear fiosrachadh feumail ann.
- Pàirt a Dhà, a tha a' moladh sia Builean Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus tha e a' mineachadh ciamar a chaidh an cruthachadh agus ciamar a thèid adhartas a mheasadh. Cuiridh sinn ceistean oirbh mu na Builean agus na gnìomhan a mhol sinn.
- Pàirt a Trì, a tha a' mineachadh mar a dh'atharraicheas dòighean-obrach san riaghaltas agus a tha a' toirt iomradh air cuid de na prìomh phoileasaidhean co-cheangailte ri biadh a tha gan cur an sàs an-dràsta. Tha e cuideachd a' sealltainn cò ris a bhiodh beatha dhiofar dhaoine coltach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha sinn gu sònraichte airson cluinntinn a bheil sinn air dealbh ceart a thoirt seachad air cò ris am bu chòir ar beatha a bhith coltach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.

Tha an co-chomhairleachadh seo a' sireadh bheachdan air na trì Pàirtean dhen dreachd dhen Phlana nàiseanta, agus tha sinn an dòchas gun gabh sibhse agus daoine eile pàirt ann. Mar phàirt dhen cho-chomhairleachadh seo tha sinn cuideachd a' sireadh bheachdan air dleastanasan sònraichte, a thèid a mhineachadh ann an

dàrnach reachdas. Tha dleastanasan sònraichte glè chudromach, oir 's ann nuair a bhios Ministearan na h-Alba a' coileanadh nan dleastanasan sin a thèid am plana a chur an gnìomh. Bidh ceistean air na dleastanasan sònraichte às dèidh gach earrainn dhen Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Faodaidh sibh cuid de na ceistean sin a fhreagairt no a h-uile gin dhiubh.

Fiosrachadh Farsaing air a' Cho-chomhairleachadh

Carson a tha ur beachdan cudromach?

Tha a' chiad Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh mar a' chiad cheum san iomairt gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostam bìdh na h-Alba.

Tha an co-chomhairleachadh seo mu dheidhinn susbaint a' chiad Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus thathar a' sireadh ur beachdan air na Builean nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh; mar a thèid adhartas a mheasadh; agus air a' bheatha a tha diofar dhaoine a' sùileachadh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.

Thathar cuideachd a' sireadh ur beachdan air dleastanasan sònraichte: bu toil leinn faighneachd a bheil an liosta de dhleastanasan sònraichte a' gabhail a-steach gach cùis bhuntainneach air a bheil e na chomas do Mhinistearan na h-Alba buaidh a thoirt no a bheil sinn air cuspairean cudromach fhàgail a-mach.

Gabhaidh sinn ealla ri beachdan a gheibhear sa cho-chomhairleachadh seo gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' freagairt air na tha sluagh na h-Alba a' miannachadh a thaobh siostam a' bhìdh aca.

Dè tha sinn ag iarraidh oirbh a dhèanamh?

Tha sinn ag iarraidh oirbh 20 ceist a fhreagairt. 'S e ceistean ioma-roghainn a tha sa mhòr-chuid dhiubh, ach bidh cothrom agaibh cuideachd na freagairtean agaibh a mhìneachadh ann am barrachd doimhneachd.

A' toirt beachdan seachad sa Cho-chomhairleachadh seo

Tha sinn a' sireadh beachdan airson a' cho-chomhairleachaidh seo ro no air 22 Giblean 2024.

Am biodh sibh cho math pàirt a ghabhail sa cho-chomhairleachadh seo le bhith a' cleachdadh goireas co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space (<http://consult.gov.scot>). Faodaidh sibh an co-chomhairleachadh seo fhaicinn agus pàirt a ghabhail ann aig <https://consult.gov.scot/agriculture-and-rural-economy/national-good-food-nation-plan>. Faodaidh sibh na freagairtean agaibh a shàbhaladh agus tilleadh thuca fhad 's a tha an co-chomhairleachadh fosgailte. Feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil sibh air na freagairtean agaibh a chur a-steach mus crìochnaich an co-chomhairleachadh air 22 Giblean 2024.

Mura h-urrainn dhuibh freagairtean a chur a-steach tron ghoireas cho-chomhairleachaidh air-loidhne againn, faodaidh sibh Foirm Fiosrachaidh an Neach-fhreagairt a lìonadh a-steach agus a thilleadh gu:

AN SGIOWA AIRSON DÙTHAICH A THA MATH A THAOBH BIADH
Riaghaltas na h-Alba
B1 SPUR
TAIGH SAUGHTON
DÙN ÈIDEANN, EH11 3XD

Na nì sinn leis na freagairtean agaibh

Ma fhreagras sibh tron ghoireas cho-chomhairleachaidh, thèid ur stiùireadh chun na duilleige, Mur Deidhinn Fhèin, mus cuir sibh na freagairtean agaibh a-steach. Feuch gun innis sibh dhuinn ciamar a b' fheàrr leibh a làimhsicheamaid na freagairtean agaibh, agus gu sònraichte, a bheil sibh toilichte leigeil leinn na freagairtean agaibh fhoillseachadh. Ma dh'iarraas sibh oirnn gun am foillseachadh, bidh sinn a' sealltainn orra mar fhiosrachadh dìomhair, agus thèid an làimhseachadh mar sin.

Bu chòir dhan a h-uile neach-freagairt cuimhneachadh gum feum Riaghaltas na h-Alba cumail ri cumhachan Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin dh'fheumamaid beachdachadh air iarrtas sam bith a gheibheamaid fon Achd airson fiosrachadh co-cheangailte ri freagairtean sa cho-chomhairleachadh seo.

Mura h-urrainn dhuibh freagairtean a chur a-steach tro Citizen Space, am biodh sibh cho math Foirm Fiosrachaidh an Neach-fhreagairt, a gheibhear san sgrìobhainn seo, a lìonadh a-steach is a thilleadh thugainn.

Airson fiosrachadh air mar a làimhsicheas sinn ur dàta pearsanta, coimheadaibh air ar poileasaidh airson prìobhaideachd:

<https://www.gov.scot/privacy/>

An ath cheum sa phròiseas

Nuair a tha luchd-freagairt air cead a thoirt seachad na freagairtean aca fhoillseachadh gu poblach, agus às dèidh dhuinn dèanamh cinnteach nach eil susbaint annta a dh'fhaodadh a bhith tuailleasach, thèid na freagairtean sin fhoillseachadh gu poblach air <http://consult.gov.scot>. Ma chleachdas sibh an goireas co-chomhairleachaidh gus freagairtean a thoirt seachad, gheibh sibh lethbhreac dhiubh ann am post-d.

Às dèidh a' chinn-latha airson fhreagairtean, thèid sgrùdadh is beachdachadh a dhèanamh orra agus air fianais sam bith eile a bhios feumail dhuinn. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an d' fhuair sinn cead sin a dhèanamh. Thèid aithisg sgrùdaidh fhoillseachadh cuideachd.

Beachdan is gearanan

Ma tha beachdan agaibh air mar a chaidh an co-chomhairleachadh seo a chumail, faodaidh sibh an cur chun an t-seòlaidh gu h-àrd no gu goodfoodnation@gov.scot

Modhan co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha cothroman co-chomhairleachaidh nam pàirt riatanach dhen phròiseas gus poileasaidhean a dhealbh. Tha iad a' toirt cothrom dhuinn ealla a ghabhail ri ur beachdan is eòlas air raon obrach air a bheilear a' coimhead.

Gheibh sibh a h-uile co-chomhairleachadh againn air-loidhne aig: <http://consult.gov.scot>. Bidh gach co-chomhairleachadh a' mìneachadh nan cùisean air a bheilear a' beachdachadh, agus na dòighean san urrainn dhuibh ur beachdan a thoirt dhuinn, eadar goireasan air-loidhne, post-d no sa phost.

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air freagairtean agus gabhar ealla riutha nuair a thathar a' dealbh poileasaidhean, agus ri farsaingeachd de dh'fhiosrachadh is fianais eile a tha ri fhaotainn. Foillsichidh sinn aithisg air an sgrùdadh a nithear airson gach co-chomhairleachadh. A rèir dè seòrsa co-chomhairleachaidh a bhios ann, dh'fhaodadh gun tèid na freagairtean a chleachdadh airson na leanas:

- airson sealltainn gu bheil feum air leasachadh a thoirt air no ath-sgrùdadh a dhèanamh air poileasaidhean
- gus stiùireadh a thoirt do mar a thèid poileasaidh sònraichte a dhealbh
- gus cuideachadh gus roghnachadh eadar diofar mholaidhean a thaobh poileasaidhean
- gus cuideachadh le bhith ag aontachadh na dreachd mu dheireadh de reachdas mus tèid a chur an gnìomh

Ged a dh'fhaodadh na suidheachaidhean sònraichte a thèid a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh a bhith feumail ann a bhith a' dealbh poileasaidhean, chan urrainnear dèiligeadh ri beachdan is draghan pearsanta ann an co-chomhairleachadh, agus bu chòir fios mu dheidhinn leithid a bheachdan a chur gu buidheann phoblach bhuntainneach.

Pàirt A: Co-chomhairleachadh air a' Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Ann an co-bhuinn ri ar co-obraichean bho air feadh Riaghaltas na h-Alba, tha sinn air sia prìomh Bhuilean a stèidheachadh. 'S e Builean lèirsinneach a th' annta seo agus chan eilear an dùil gun tèid an coileanadh rè ùine a' chiad tionndaidh dhen phlana seo. Tha iad farsaing, mar a dh'fheumas iad a bhith, agus iad air an dealbh gus freagairt air poileasaidhean bho iomadh raon.

Tha na Builean mar amasan àrd-ìre airson dùthaich a tha math a thaobh biadh: chan e liosta de stiùiridhean mionaideach a th' annta.

Tha iad a' sealltainn mar a tha, agus mar a bhios, atharraichean a dhith air na dòighean sa bheil sinn a' toirt biadh gu cinneas, ga ghiullachd, ga sholarachadh, agus sa bheil sinn a' faighinn cuidhteas dheth ann an Alba gus dèiligeadh ris na dùbhlain ro fhollaiseach a th' ann a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde agus crìonadh na h-àrainneachd. Cuideachd, feumar an t-eadar-ghluasad seo gu siostam bìdh nas seasmaiche a chur an sàs ann an dòigh cheart is chothromach. Mar phàirt de sin, feumaidh sinn, leis na h-atharraichean seo, cuimhneachadh air na daoine a tha ag obair gus biadh a chur air a' bhòrd againn agus feumaidh sinn an t-amas againn, a bhith a' sìor leasachadh math nam beathaichean, a choileanadh. Leis na builean seo, tha sinn cuideachd a' gabhail ris gu bheil a h-uile duine airidh air cothrom urramach air biadh math agus gum bu chòir do ar siostam bìdh a bhith na mheadhan air sluagh fallain a bhith againn.

Tha na Builean a' sealltainn cò ris a bhiodh an siostam bìdh seasmhach a tha sinn a' miannachadh airson Alba coltach. Tha na Builean a' dèanamh ceangal ri frèamaichean poileasaidh farsaing eile, leithid [an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta](#) agus [Cinn-uidhe nan Dùthchannan Aonaichte airson Leasachadh Seasmhach](#). Tha na Builean cuideachd a' cur taic ri cinn-uidhe is cùmhnantan buntainneach airson chòraichean daonna.

Ceist 1

A bheil gach Buil fa leth airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' cur an cèill an t-seòrsa siostam bìdh Albannach a chòrdadh riut fhaicinn?

Buil 1: Tha a h-uile duine ann an Alba ag ithe biadh math agus tha cothrom gu cunbhalach aca air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig prìs reusanta, a tha seasmhach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir

Buil 2: Tha siostam bìdh na h-Alba seasmhach¹ agus tha e a' cur taic ri àrainneachd nàdarra fhàsmhor. Tha e a' cur taic ri ar n-amasan a thaobh cothromachadh-carboin, agus tha àite cudromach aige ann a bhith a' cur dìon air agus a' toirt piseach air math bheathaichean agus a bhith ag ath-stèidheachadh is ag ùrachadh bith-iomadachd.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir

Buil 3: Tha siostam bìdh na h-Alba a' toirt brosnachadh is taic dhan t-sluagh a bhith fallainn nam bodhaig is nan inntinn, agus mar thoradh air sin thig lùghdachadh air easlaintean co-cheangailte ri biadh is daithead.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir

Buil 4: Tha ar roinn bìdh is dheochan a' soirbheachadh, eadar-mheasgaichte, innleachdach, agus glè chudromach do mhath eaconamach is sòisealta na dùthcha

¹ A rèir [Buidheann Bìdh is Àiteachais nan Dùthchannan Aonaichte](#) “s e a th' ann an siostam bìdh seasmhach, fear a tha a' stèidheachadh tèarainteachd bìdh agus a' tabhann biadh sa bheil mathas dhan a h-uile duine ann an dòigh nach dèan cron air a' bhunait eaconamaich, shòisealta is a thaobh na h-àrainneachd a tha dhìth gus tèarainteachd bìdh is biadh math a thoirt do ghinealaich ùra san àm ri teachd.”

aig ìre nàiseanta is ionadail. Tha i aig teis-meadhan na h-iomairt gus Alba a stèidheachadh mar dhùthaich a tha tèarainte is làidir a thaobh biadh, agus tha i a' cruthachadh is a' cumail taic ri obraichean is gnothachasan anns a bheil inbhean-obrach cothromach gan cur an sàs.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir

Buil 5: Tha cultar bìdh brìghmhor aig Alba agus sluagh againn aig a bheil ùidh ann am, agus a tha air an oideachadh a thaobh, biadh math is seasmhach.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir

Buil 6: Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson biadh fìor mhath agus tha sinn airson cur ris a' chliù sin. Tha co-dhùnidhean a nì sinn ann an Alba a' cuideachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostaman bìdh ionadail agus cruinneil. Tha sinn a' co-phàirteachadh ar sàr dhòighean-obrach agus ag ionnsachadh mu na sàr dhòighean-obrach aig càch gu h-eadar-nàiseanta.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir

Ceist 2

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh, mu na Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus carson?

Slatan-tomhais airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Feumaidh fios a bhith againn co-dhiù a tha no nach eil sinn a' dèanamh adhartas leis na builean lèirsinneach a tha sinn airson a choileanadh. Mar sin, tha sinn air comharran-coileanaidh is targaidean, a tha ann mu thràth, a chomharrachadh a sheallas mar a nì sinn adhartas leis na builean ùra seo.

Cruthaichidh sinn dòighean eile gus adhartas a mheasadh fhad 's a tha sinn a' leantainn oirnn leis an obair a thaobh Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus tha sinn airson gum bi tuigse againn air na tha sibh a' smaoinichadh mu na slatan-tomhais a th' againn an-dràsta. Cumaidh sinn oirnn ag atharrachadh nan targaidean agus comharran-coileanaidh rè ùine a' Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus thèid na comharran-coileanaidh is targaidean ùrachadh ann an eagrain ùra dhen Phlana.

'S e a th' ann an targaid, ceann-uidhe a tha sibh a' feuchainn ri coileanadh. Gu tric, bidh targaid a' buntainn ri rudeigin sònraichte a dh'fheumas tachairt ro cheann-latha. Bidh riaghaltasan gu tric a' stèidheachadh thargaidean gus cinn-uidhe, a ghabhas a mheasadh, a stèidheachadh airson raointean sònraichte.

'S e a th' ann an comharra-coileanaidh dòigh rudeigin a thomhas no a mheasadh, gu tric 's e a tha ga mheasadh adhartas a dh'ionnsaigh targaid, ceann-uidhe no buil. Faodaidh comharran-coileanaidh a bhith nam meadhan feumail gus adhartas a mheasadh a thaobh targaid no cinn-uidhe nas fharsainghe.

Chithear sa chlàr gu h-ìosal na comharran-coileanaidh agus slatan-tomhais eile a th' againn an-dràsta. Tha sinn air a bhith ag obair gus targaidean no geallaidhean ùra a chomharrachadh a ghabhas cur ris a' Phlana, 's iad sin:

A' leudachadh air geallaidhean a th' ann an-dràsta a thaobh daithead is cuideam fallain:

Tha targaid aig Riaghaltas na h-Alba mu thràth gus ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030. Tha sinn airson leudachadh air seo:

- Tha e na amas ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead.

Cuideachd, bidh sinn ag amas air barrachd na dìreach clann agus e na amas dhuinn:

- Gum bi barrachd inbhich ann anns a bheil cuideam a tha fallain
- Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach.

A' neartachadh gheallaidhean a thaobh neo-thèarainteachd bìdh ann an dachaighean:

Tha sinn an dùil ar geallaidhean a thaobh neo-thèarainteachd bìdh ann an dachaighean a neartachadh le bhith ag amas air:

- lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' fulang le neo-thèarainteachd bìdh meadhanach dona no fìor dhona
- lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' faotainn biadh-èiginn.

Solarachadh poblach

Thèid tuilleadh beachdachaidh a dhèanamh air cùisean feuch an gabh targaidean ùra airson solarachadh poblach a stèidheachadh airson eagrain eile dhen Phlana, agus nuair a nithear sin gabhar ealla ri cùisean co-cheangailte ri dàta is reachdas a dh'fhaodadh bacadh a chur air na targaidean sin.

Math bheathaichean

Tha obair a' leantainn gus targaidean a stèidheachadh airson math bheathaichean, a bhios a' gabhail ealla ri toraidhean cho-chomhairleachaidhean a thathar an dùil a chumail, agus a nochdadh ann an eagrain ùra dhen Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha geallaidhean ann an-dràsta ann am Prògram an Riaghaltais gus co-chomhairleachadh a chumail air a bhith a' stad de bhith a' cleachdadh chèidsichean airson eòin a tha gan sealg agus airson chearcannan a tha a' breith.

Buil	Comharran-coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<p>1. Tha a h-uile duine ann an Alba ag ithe biadh math agus tha cothrom gu cunbhalach aca air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig prìs reusanta, a tha seasmhach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • An uiread de dhachaighean a tha a' fulang le neo-thèarainteachd bìdh san dachaigh aca • An àireamh de sgoilearan tha clàraichte airson biadh sgoile an-asgaidh • An àireamh às a' cheud de sgoilearan san sgoil a tha a' gabhail biadh na sgoile (an-asgaidh no air a phàigheadh) • An àireamh de sheirbheisean cùraim-latha agus de chloinn a tha clàraichte airson Sgeama Baine is Ghreimean-bìdh Fallain na h-Alba • An uiread de chloinn ann an Alba a tha beò gu ìre ann am bochdainn; ann am bochdainn iomlan; fo easbhaidh ri linn teachd-a-steach ìosal is bochdainn bhith-bheò, agus; bochdainn leantainneach (às dèidh chosgaisean taigheadais) • Cinn-uidhe Dhaitheid na h-Alba • An uiread de ghnòthachasan bìdh sna roinnean poblach agus prìobhaideach a tha a' cur an sàs Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne • An àireamh de dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' gabhail pàirt sa Phrògram Biadh airson ur Beatha Alba 	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh nas lugha na 10% de chloinn beò gu ìre ann am bochdainn ro no ann an 2030 • Bidh nas lugha na 5% de chloinn beò ann am bochdainn iomlan ro no ann an 2030 • Bidh nas lugha na 5% de chloinn beò fo easbhaidh ri linn teachd-a-steach ìosal is bochdainn bhith-bheò ro no ann an 2030 • Bidh nas lugha na 5% de chloinn beò ann am bochdainn leantainneach ro no ann an 2030 • Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead • Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach • Lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' fulang le neo-thèarainteachd bìdh meadhanach dona no fìor dhona • Lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' faotainn biadh-èiginn
<p>2. Tha siostam bìdh na h-Alba seasmhach agus tha e a' cur taic ri àrainneachd</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gasaichean teas-dhìonach a thig bho roinn an àiteachais • Mar a thèid todhar naitridein a chleachdadh 	<ul style="list-style-type: none"> • Lùghdachadh de 33% a thoirt air an ìre caitheimh-bìdh airson gach neach airson 2025

<p>nàdarra fhàsmhor. Tha e a' cur taic ri ar n-amasan a thaobh cothromachadh-carboin agus tha dleastanasan cudromach aige a thaobh a bhith a' cur dìon air agus a' toirt piseach air math bheathaichean agus a bhith ag ath-stèidheachadh is ag ùrachadh bith-iomadachd.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • A' chuid às a' cheud de dh'iasg coimeirsealta a gheibhear ann an dòigh sheasmhach • Cinn-uidhe Dhaitheid na h-Alba 	<ul style="list-style-type: none"> • Tha e mar amas dùblachadh a thoirt air an uiread de dh'fhearann àiteachais a thathar ag obrachadh gu h-organach ann an Alba ro dheireadh teirm na pàrlamaid seo (2026) • Targaidean lùghdachaidh bliadhnail airson sgaoilidhean a dh'fheumar a choileanadh fon lagh leithid: lùghdachadh de 75% air gasaichean teas-dhìonach ro dheireadh 2030 (stèidhichte air bun-ìre ann an 1990), agus bidh cothromachadh-carboin ann le sgaoilidhean ro dheireadh 2045 • Tha aig Ministearan na h-Alba ri cumail ri geallaidhean gus dèiligeadh ris mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh, a tha air am mineachadh ann am Frèam Bith-iomadachd na Cruinne airson Cùmhnant Bith-iomadachd an UN, leithid thargaidean cruinneil co-cheangailte ri bhith a' lùghdachadh caitheimh, ana-caitheamh bìdh san t-saoghal, ana-caitheamh san fharsaingeachd agus a bhith a' lùghdachadh na th' ann de sgudal a thathar a' cruthachadh. • Tha Riaghaltas na h-Alba air Gealladh #123 a dhèanamh a thaobh Call is Ana-caitheamh
--	---	---

		Bìdh gus Cuideachadh leis a' Ghnàth-shìde.
<p>3. Tha siostam bìdh na h-Alba a' toirt brosnachadh is taic dhan t-sluagh a bhith fallainn nam bodhaig is nan inntinn, agus mar thoradh air sin thig lùghdachadh air euslaintean co-cheangailte ri biadh is daithead.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • An àireamh às a' cheud de dh'inbhich is clann anns a bheil cuideam fallain • An àireamh às a' cheud de chloinn a tha an cunnart a bhith reamhar • An àireamh às a' cheud de dh'inbhich is clann a tha a' gabhail 5 cuibhreannan de mheasan is glasraich gach latha mar a thathar a' moladh • An àireamh de dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' gabhail pàirt sa Phrògram Biadh airson ur Beatha Alba • Na tha clann aois 2-15 ag ithe de mheasan is glasraich • Cinn-uidhe Dhaitheid na h-Alba • An uiread de ghnòthachasan bìdh sna roinnean poblach is prìobhaideach a tha a' cur an sàs Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne • An àireamh chompanaidhean a tha a' cosg airgead air athchruthachadh reasabaidhean 	<ul style="list-style-type: none"> • Lùghdachadh de 10% a thoirt air an àireimh de bhoireannaich a tha a' sgar a thoirt bainne-broillich dhan leanabh aca às dèidh 6 gu 8 seachdainean ro dheireadh 2025 • Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead • Gum bi barrachd inbhich ann anns a bheil cuideam a tha fallain • Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach
<p>4. Tha ar roinn bìdh is dheochan a' soirbheachadh, eadar-mheasgaichte, innleachdach agus glè chudromach do mhath eaconamach is sòisealta na dùthcha aig ìre nàiseanta is ionadail. Tha i aig teis-</p>	<ul style="list-style-type: none"> • An àireamh de dhaoine aig a bheil obair ann an gnìomhachas a' bhìdh is nan deochan • An àireamh de dhaoine aig a bheil obair ann an roinn an àiteachais • Luach a' bhìdh is nan deochan a thèid às-mhalairt à Alba • An luach a tha gnìomhachas bìdh is dheochan na h-Alba a' cur ris an eaconamaidh • An àireamh de chompanaidhean bìdh is dheochan a tha clàraichte 	<p>Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do roinn a' bhìdh is nan deochan tro mhaoineachadh do A' Beathachadh Alba, A' Toirt Solar dhan t-Saoghal – Ro-innleachd Gnìomhachas a' Bhìdh is nan Deochan</p>

<p>meadhan na h-iomairt gus Alba a stèidheachadh mar dhùthaich a tha tèarainte is làidir a thaobh biadh agus tha i a' cruthachadh is a' cumail taic ri obraichean is gnothachasan anns a bheil inbhean-obrach cothromach gan cur an sàs.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • An àireamh de chroitean a tha clàraichte • Am pàigheadh meadhanach gach seachdain airson luchd-obrach làn-ùine ann an Roinn bìdh is dheochan na h-Alba a tha a' fàs • An àireamh chompanaidhean a tha a' cosg airgead air athchruthachadh reasabaidhean 	
<p>5. Tha cultar bìdh brìoghmhor aig Alba agus sluagh againn aig a bheil ùidh ann am, agus a tha air an oideachadh a thaobh, biadh math is seasmhach.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Maoineachadh ga chosg air pròiseactan airson foghlam bìdh is biadh coimhearsnachd • Cinn-uidhe Dhaitheid na h-Alba • An uiread de gnothachasan bìdh sna roinnean poblach is prìobhaideach a tha a' cur an sàs Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne 	<ul style="list-style-type: none"> • Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead • Gum bi barrachd inbhich ann anns a bheil cuideam a tha fallain • Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach
<p>6. Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson biadh fìor mhath agus tha sinn airson cur ris a' chliù sin. Tha co-dhùnidhean a nì sinn ann an Alba a' cuideachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostaman bìdh ionadail agus cruinneil. Tha sinn a' co-</p>	<ul style="list-style-type: none"> • An uiread de cho-chonaltradh a nithear le co-obraichean eadar-nàiseanta air siostam a' bhìdh • Gasaichean teas-dhìonach a thig bho roinn an àiteachais 	<ul style="list-style-type: none"> • Targaidean lùghdachaidh bliadhnail airson sgaoilidhean a dh'fheumar a choileanadh fon lagh leithid: lùghdachadh de 75% air gasaichean teas-dhìonach ro dheireadh 2030 (stèidhichte air bun-ìre ann an 1990), agus bìdh cothromachadh-carboin ann le sgaoilidhean ro dheireadh 2045 • Tha aig Ministearan na h-Alba ri cumail ri geallaidhean gus dèiligeadh ris mar a tha bith-

<p>phàirteachadh ar sàr dhòighean-obrach agus ag ionnsachadh mu na sàr dhòighean-obrach aig càch gu h-eadar-nàiseanta.</p>		<p>iomadachd a' crìonadh, a tha air am mìneachadh ann am Frèam Bith-iomadachd na Cruinne airson Cùmhnant Bith-iomadachd an UN, leithid thargaidean cruinneil co-cheangailte ri bhith a' lùghdachadh caitheimh, ana-caitheamh bìdh san t-saoghal, ana-caitheamh san fharsaingeachd agus a bhith a' lùghdachadh na th' ann de sgudal a thathar a' cruthachadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha Riaghaltas na h-Alba air Gealladh #123 a dhèanamh a thaobh Call is Ana-caitheamh Bìdh gus Cuideachadh leis a' Ghnàth-shìde.
--	--	--

Ceist 3

A bheil sibh a' smaoinichadh gun cuidich na targaidean seo le bhith a' coileanadh nam prìomh Bhuilean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil fhios agam

Ceist 4

Nan deigheadh na targaidean seo a choileanadh, an cuidicheadh sin le bhith a' stèidheachadh an t-seòrsa siostaim bìdh a chòrdadh ribh fhaicinn ann an Alba?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil fhios agam

Ceist 5

Ma tha beachdan eile agaibh air na targaidean a thathar a' moladh airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, sgrìobhaibh an seo iad:

Ceist 6

A bheil sibh a' smaoinichadh gum bi na comharran-coileanaidh seo feumail airson a bhith a' measadh adhartas leis na Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil fhios agam

Carson a tha, no nach eil, sibh ag aontachadh?

Ceist 7

Dè na comharran-coileanaidh eile a chòrdadh ribh fhaicinn, ma tha feadhainn ann a chòrdadh ribh fhaicinn?

Ceist 8

Ma tha beachdan eile agaibh air na comharran-coileanaidh a thathar a' moladh airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, sgrìobhaibh an seo iad:

Ar Beatha ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Tha Pàirt a Trì dhen Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' coimhead air poileasaidhean a tha gan cur an sàs mu thràth agus a tha gar toirt nas fhaisge air an ìre far am bi sinn nar Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha bogsaichean-teacsa air feadh a' chaibideil a' sealltainn cò ris a bhios beatha dhiofar dhaoine coltach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Chaidh na daoine seo a roghnachadh gus tuairisgeil a thoirt air diofar dhreuchdan ann an siostam a' bhìdh, ach chan urrainn dhuinn fiosrachadh a thoirt seachad air a h-uile dreuchd is dòigh sa bheil daoine an sàs ann. Chòrdadh e rinn ur beachdan a chluinntinn air na h-eisimpleirean seo le fios air cò ris a dh'fhaodadh beatha nan diofar dhaoine seo a bhith coltach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Am biodh sibh cho math gach ceist a fhreagairt far a bheil eòlas buntainneach agaibh air an t-seòrsa dhaoine mu bheilear a' bruidhinn. Na freagraibh ceistean far nach eil eòlas buntainneach agaibh.

Ceist 9

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air pàiste ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Tha cothrom agam air biadh fallain agus sa bheil mathas, a tha freagarrach airson m' aois agus airson na h-ìre aig a bheil mi a thaobh fàs
- 'S e an àbhaist dhomh a bhith ag ithe agus a' gabhail tlachd ann am biadh fallain
- Tha cothrom agam gu cunbhalach pàirt a ghabhail ann an diofar chothroman ionnsachaidh co-cheangailte ri biadh
- Cha bhi an t-acras mòr orm uair sam bith

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a bu chòir a bhith aig pàiste ann an Alba mar Dhùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh?

Ceist 10

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air pàrant/neach-cùraim ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Tha fios agam air mar a dh'ullaicheas mi biadh fallain sa bheil mathas dhan fheadhainn a tha fo mo chùram agus tha e na chomas dhomh sin a dhèanamh
- Tha fios agam càite am faigh mi taic ma tha duilgheadasan agam a tha a' cur stad orm bho bhith a' ceannach biadh no bho bhith ag ullachadh biadh blàth aig an taigh
- Tha fios agam le cinnt gu bheil ionadan cùraim-chloinne is sgoiltean a' toirt seachad biadh fallain, sa bheil mathas, agus a tha freagarrach a thaobh cultar dhaoine, agus gu bheil iad a' toirt oideachadh dhan chloinn mu shiostam a' bhìdh
- Ma tha dùil agam ri leanabh, tha fios agam càite am faigh mi taic agus 's urrainn dhomh roghainnean fiosraichte a dhèanamh a thaobh dè am biadh a bu chòir dhomh a thoirt dhomh fhìn is do mo leanabh

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar phàrant/neach-cùraim ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh ?

Ceist 11

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air inbheach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Tha e furasta dhomh cothrom fhaighinn air biadh a tha a' còrdadh rium agus a chumas mi slàn, fallain
- Tha fios agam càite an tèid mi ma tha duilgheadasan agam a thaobh airgead, agus gheibh mi taic gu luath, a tha co-òrdanaichte agus bho dhaoine a chuidicheas mi ann an dòigh shuimeil agus le spèis
- Tha e furasta roghainnean fallain is seasmhach a lorg às bith càite an ith mi no càite an ceannaich mi biadh
- Tha e furasta dhomh fiosrachadh fhaighinn mu bhuidh a' bhìdh agam air an àrainneachd is cùisean sòisealta agus mu mhathas a' bhìdh sin agus cò às a thàinig e, fiosrachadh a chuidicheas mi gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar inbheach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh?

Ceist 12

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air solaraiche-bìdh poblach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Bidh mi a' faotainn biadh fallain, ùr, ràitheil, sa bheil mathas gus frithealadh air feumalachdan nan daoine a chleachdas na seirbheisean agam
- Tha tuigse agam air mar as urrainn do bhiadh cuideachadh le bhith a' neartachadh cheanglaichean coimhearsnachd. Bidh mi a' cur air adhart agus a' tabhann roghainnean fallain, blasta, agus seasmhach mar chleachdadh àbhaisteach air na clàran-bìdh agam
- Bidh na roghainnean solarachaidh agam a' cuideachadh gus taic a chumail ri diofar luchd-toraidh
- Tha mi air lùghdachadh a thoirt air ana-caitheamh bìdh a ghabhas seachnadh cho fad 's as urrainn dhomh agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun tèid cuidhteas fhaighinn de sgudal-bìdh ann an dòigh sheasmhach

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar sholaraiche-bìdh poblach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh ?

Ceist 13

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air neach-bùtha ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Mar fhastaiche, tha mi a' cumail ris na slatan-tomhais airson Obair Chothromach An Toiseach. Bidh mi a' dèanamh cinnteach gu bheil gach cùmhnant solarachaidh ris an gabh mi cothromach is ceart airson an luchd-toraidh.
- Bidh mi a' cruthachadh àrainneachd sa bhùth far a bheil am biadh fallain, agus sa bheil mathas, ri fhaotainn aig prìs a tha reusanta agus ga shealltainn ann an dòigh a tha tarraingeach dhan a h-uile duine. Bidh mi a' cuideachadh luchd-ceannaich gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mathas a' bhìdh a bhios mi a' reic agus air cò às a thàinig e.
- Bidh na co-dhùnaidhean a nì mi sa bhùth agus an lùib a bhith a' solarachadh biadh a' cuideachadh Alba gus na h-amasan againn airson cothromachadh-carboin a choileanadh, mar eisimpleir a' lùghdachadh ana-caitheamh bìdh
- Tha mi a' dèanamh obair chudromach gus taic a chumail ri eaconamaidh bìdh ionadail nas làidire agus gus cur ri tèarainteachd bìdh ann an Alba

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar neach-bùtha ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh?

Ceist 14

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air neach le taigh-bìdh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Bidh mi a' moladh biadh ùr, ràitheil agus ga chleachdadh sa chlàr-bhìdh agam. Bidh mi a' toirt taic dhan eaconamaidh bhìdh ionadail agam
- Bidh mi a' sealltainn dhan luchd-cheannaich agam gu bheil dealas agam airson biadh math feuch an ionnsaich iad mu cò às a thàinig am biadh, ciamar a chaidh ullachadh agus dè am mathas a th' ann
- Mar fhastaiche, tha mi a' cumail ris na slatan-tomhais airson Obair Chothromach An Toiseach. Bidh mi a' cruthachadh àrainneachd obrach thaiceil dhan luchd-obrach agam
- Tha mi cruthachail leis a' chlàr-bhìdh agam. Faodaidh sin cuideachadh le bhith a' toirt lùghdachadh air ana-caitheamh bìdh a chum maith a' ghnothachais, dhaoine, agus na h-àrainneachd

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar neach le taigh-bìdh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh ?

Ceist 15

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air tuathanach/croitear ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Tha mi dhen bheachd gu bheilear a' toirt spèis dham obair agus gum faigh mi prìs chothromach airson toraidhean na h-obrach agam. Tha e furasta dhomh na toraidhean sin a reic gu h-ionadail nam bithinn ag iarraidh sin a dhèanamh
- Tha na modhan-àiteachais agam agus na dòighean sa bheil mi ag obrachadh an fhearainn a' ciallachadh gu bheil mi a' toirt nas lugha buaidhe air an àrainneachd, a' cur ri bith-iomadachd agus a' cumail ri inbhean àrda a thaobh math bheathaichean air an tuathanas no croit agam
- Bidh mi a' faighinn diofar sheòrsaichean taice, leithid trèanadh is comhairle, gus mo chuideachadh le bhith a' soirbheachadh leis an obair agam air tuathanas no croit a tha seasmhach
- Bidh mi a' cuideachadh gus modhan-solair làidir a stèidheachadh agus a' cur ri tèarainteachd bìdh na h-Alba

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar thuathanach/croitear ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh?

Ceist 16

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air iasgair ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Tha mi dhen bheachd gu bheilear a' toirt spèis dham obair agus gum faigh mi prìs chothromach airson na ghlacas mi
- Tha mi a' cur taic ri àrainneachd is eag-shiostam na mara le bhith a' cur mhodhan-iasgaich seasmhach an sàs
- Tha mi ag obair ann an, agus a' cuideachadh le bhith a' stèidheachadh, àrainneachd obrach chothromach is shàbhailte
- Tha mi a' sireadh chothroman gus toraidhean na h-obrach agam a thabhann do thaghadh nas fharsainge de dhaoine ann an Alba, agus gus sanasachd a dhèanamh air mar a dh'fhaodas biadh na mara a bhith mar phàirt de dhaithead fhallain
- Tha cothrom agam air taghadh de thaic a chuidicheas mi gus gnothachas iasgaich seasmhach a ruith

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar iasgair ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh?

Ceist 17

Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air neach-qiullachd bìdh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Tha mi ag obair còmhla ri luchd-toraidh, luchd mòr-reic, luchd-reic agus luchd-solair bìdh a bheir biadh do dhaoine air falbh bhon dachaigh aca airson dèanamh cinnteach gu bheil an siostam-solair air fad làidir fhad 's a tha mi a' frithealadh air feumalachdan dhaoine agus a' toirt lùghdachadh air ana-caitheamh
- Bidh mi a' dèanamh a' bhìdh agam nas fhallaine agus nas seasmhaiche le bhith a' cleachdadh stuthan ùra, ràitheil nuair as urrainn dhomh, agus gheibh mi taic gus sin a dhèanamh
- Bidh mi a' cosg airgead air an luchd-obrach agam agus gan cuideachadh le cothroman leasachaidh, feuch an urrainn dhaibh cothroman a ghabhail gus na sgilean aca a leasachadh fhad 's a tha iad ag obair ann an àrainneachd obrach shàbhailte
- Tha mi a' cur ris na buannachdan cudromach a gheibh eaconamaidh na h-Alba bho roinn a' bhìdh is nan deochan

A bheil seo coltach ris an t-seòrsa beatha a chòrdadh ribh a bhith agaibh mar neach-qiullachd bìdh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh?

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh no a' dol na aghaidh
- Chan eil mi ag aontachadh, gu ìre mhòir
- Chan eil mi ag aontachadh idir
- Chan eil eòlas buntainneach agam air seo

Dè dh'atharraicheadh sibh, ma tha sibh airson dad atharrachadh?

Ceist 18

Ma tha beachdan sam bith eile agaibh air a' Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, sgrìobhaibh an seo iad:

Pàirt B: Co-chomhairleachadh air dleastanasan sònraichte a thaobh a’ Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Mineachadh air dleastanasan sònraichte

Bidh dleastanasan sònraichte a’ sealltainn do Mhinistearan cuin a dh’fheumas iad ealla a ghabhail ri raointean poileasaidh sònraichte nuair a tha iad ri obair an riaghaltais. A thaobh an raoin seo, bidh e mar uallach laghail air Ministearan na h-Alba ealla a ghabhail ris a’ Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh nuair a tha iad ri obair riaghaltais sam bith a tha air a comharrachadh mar dhleastanas sònraichte. Mar sin, thèid dleastanasan sònraichte a chleachdadh gus am Plana a chur an gnìomh, agus le dleastanasan sònraichte nithear cinnteach gum beachdaich Ministearan na h-Alba air a’ bhuaidh a bheir na nì iad air poileasaidhean co-cheangailte ri biadh san àm ri thighinn.

Thèid na dleastanasan sònraichte airson na h-Achd airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh (Alba) 2022 a chur an cèill ann an dàrnach reachdas. Bidh dàrnach reachdas a’ toirt barrachd fiosrachaidh seachad air mar a dh’obraicheas laghan a thèid aontachadh leis a’ Phàrlamaid. Tha sinn an dùil an dàrnach reachdas seo a thoirt a-steach mus tèid an tionndadh mu dheireadh dhen Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh fhoillseachadh.

Carson a dh’fheumas dleastanasan sònraichte a bhith ann?

Tha e nas fhasa do Mhinistearan na h-Alba, le dleastanasan sònraichte, fios a bhith aca air cuin a dh’fheumas iad ealla a ghabhail ris a’ Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha seo nas fheàrr na dìreach dleastanas farsaing a bhith ann gus ealla a ghabhail ris a’ Phlana, oir tha raon nam poileasaidhean bìdh gu math farsaing agus mura h-eil dleastanasan sònraichte ann dh’fhaodadh cunnart a bhith ann nach deigheadh beachdachadh air cuid a raointean obrach an riaghaltais a bhuineas ri biadh.

Ciamar a thèid na dleastanasan sònraichte a chur an cèill?

Gabhaidh dleastanasan sònraichte a chur an cèill ann an diofar dhòighean. Faodaidh iad a bhith gu math mionaideach – agus iad a’ toirt iomradh air earrainnean sònraichte de reachdas – no faodaidh iad tuairisgeul a thoirt air gnìomh no amas a th’ aig an riaghaltas. Tha sinn air dleastanasan a stèidheachadh a tha freagarrach airson na tha a dhìth agus mu choinneimh cheann-uidhe sònraichte agus sinn air an dà chuid dleastanasan a stèidheachadh sa bheil iomradh air reachdas sònraichte agus feadhainn le tuairisgeul air gnìomhan no amasan.

Carson a tha sinn a’ sireadh bheachdan air na dleastanasan sònraichte?

Chithear gu h-ìosal liosta de na dleastanasan sònraichte a tha sinn an dùil a chur an cèill ann an dàrnach reachdas. Seach gu bheil poileasaidhean co-cheangailte ri biadh a’ gabhail a-steach farsaingeachd de chuspairean, bu toil leinn ur beachdan a chluinntinn gus dèanamh cinnteach gu bheil gach raon is cuspair buntainneach air an gabhail a-steach. Gabhaidh na dleastanasan sònraichte ùrachadh san àm ri teachd, agus ma thachras sin cumaidh Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachadh eile.

Airson a' cho-chomhairleachaidh seo, tha sinn air na dleastanasan sònraichte a cheangal ris na sia Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Ge-tà, tha e cudromach cuimhneachadh gum bi tòrr de na dleastanasan ceangailte ri barrachd air aon Bhuil. Tha e buailteach gum bi a' chainnt a thathar a' cleachdadh airson nan dleastanasan sònraichte eadar-dhealaichte san sgrìobhainn laghail dheireannaich an coimeas ris na chithear gu h-ìosal.

Liosta nan dleastanasan sònraichte

Chithear gu h-ìosal liosta de na dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte agus de na dleastanasan sònraichte taobh a-staigh reachdas a th' ann an-dràsta.

Buil 1: Tha a h-uile duine ann an Alba ag ithe biadh math agus tha cothrom gu cunbhalach aca air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig prìs reusanta, a tha seasmhach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine.

Dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte:

- A' toirt seachad biadh ann an sgoiltean; seirbheis slàinte is cùraim-shòisealta; prìosain; agus àiteachan-obrach poblach eile a' gabhail a-steach: a bhith a' beachdachadh air solarachadh co-cheangailte ri biadh; agus a' lùghdachadh agus a' faighinn cuidhteas de sgudal bìdh.
- A' toirt taic ionmhasail seachad; taic le slàinte-intinn; agus taic do choimhearsnachdan gus lùghdachadh a thoirt air neo-thèarainteachd bìdh agus neo-ionannachd shòiseo-eaconamach a thaobh biadh
- A' foillseachadh stiùireadh air mathas freagarrach ann am biadh is deochan airson gach raon-aoise
- A' foillseachadh stiùireadh air bainne a' bhotail airson leanabh agus dàrna bainne a' bhotail
- A' toirt stiùireadh no taic seachad airson shuidheachaidhean nuair a bhios mòr-ghainnead bìdh ann no airson shuidheachaidhean-èiginn catharra no cunnartan a bheireadh buaidh air solar a' bhìdh
- A' toirt foghlam bìdh seachad tron Churraicealam airson Sàr-mhathais agus tro phròiseactan foghlaim co-cheangailte ri biadh a tha a' toirt fiosrachadh seachad air toraidheachd bìdh; cothroman dreuchdail; buaidh an t-siostaim-bìdh air an àrainneachd, slàinte, an eaconamaidh agus gu h-eadar-nàiseanta; luach cultarach a' bhìdh

Dleastanasan a th' ann An-dràsta taobh a-staigh Reachdais:

- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo earrainnean [56A](#), [56C](#), [56E de dh'Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 1980](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [Achd a' Bhìdh \(Alba\) 2015](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [Achd nan Sgoiltean \(A' Cur Slàinte air Adhart is Beathachadh\) \(Alba\) 2007](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrinn 13 de dh'Achd an Taigheadais \(Alba\) 2006](#)
- [Òrdugh 1990 airson na h-Achd airson Sàbhailteachd Bìdh \(Atharraichean a Nithear\) \(Alba\) 1990](#)

Buil 2: Tha siostam bìdh na h-Alba seasmhach agus tha e a' cur taic ri àrainneachd nàdarra fhàsmhor. Tha e a' cur taic ri ar n-amasan a thaobh cothromachadh-carboin agus tha àite cudromach aige ann a bhith a' cur dìon air agus a' toirt piseach air math bheathaichean agus a bhith ag ath-stèidheachadh is ag ùrachadh bith-iomadachd.

Dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte:

- A' foillseachadh stiùireadh, ro-innleachdan is phlanaichean co-cheangailte ri mar a thèid biadh na mara a ghlacadh, a bhuaibh, a ghiullachd is a sgaoileadh, agus co-cheangailte ri ana-caitheamh biadh na mara
- A' beachdachadh air a' bhuaibh a th' aig agus na cothroman a tha an lùib Prògram Ath-leasachadh an Àiteachais agus a' toirt taic-airgid seachad
- A' beachdachadh air slatan-tomhais airson math bheathaichean ann an roinn toraidheachd a' bhìdh, agus an lùib mhodhan-giùlain airson bheathaichean beò, agus an lùib mhodhan-spadaidh
- A' beachdachadh air a' bhuaibh (a' gabhail a-steach obair lasachaidh is fhreagrachaidh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde agus a' cur stad air mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh agus ga h-ath-nuadhachadh) a th' aig toraidheachd bìdh air an àrainneachd, agus tha toraidheachd bìdh a' gabhail a-steach a' glacadh, ag àrach, a' fàs agus a' buain nithean a bheir biadh dhuinn
- A' beachdachadh air a' bhuaibh (a' gabhail a-steach obair lasachaidh is fhreagrachaidh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde agus a' cur stad air mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh agus ga h-ath-nuadhachadh) a th' aig an obair co-cheangailte ri bhith ag giullachd is a' sgaoileadh biadh air an àrainneachd
- A' beachdachadh air a' bhuaibh air an àrainneachd (a' gabhail a-steach obair lasachaidh is fhreagrachaidh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde agus a' cur stad air mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh agus ga h-ath-nuadhachadh) nuair a thathar ag obair gus rian a chumail air ana-caitheamh bìdh
- A' beachdachadh air a' bhuaibh a th' aig, agus na cothroman a tha an lùib, mar a thèid fearann a chleachdadh agus a stiùireadh airson thoraidhean bìdh
- A' toirt stuthan oideachaidh is comhairle mu shiostam bìdh seasmhach do luchd-toraidh, luchd-giullachd agus luchd-ceannaich bìdh
- A' cruinneachadh dàta mun t-siostam-sholair airson biadh-àiteachais agus mu obair àiteachais, agus a' beachdachadh air an dàta sin gus cuideachadh le bhith a' measadh adhartas leis na builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh
- A' riaghladh mar a thèid inbhean organach a chur an gnìomh airson toraidheachd-bìdh

Dleastanasan a th' ann An-dràsta taobh a-staigh Reachdais:

- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 45C de dh'Àchd Dìon na h-Àrainneachd 1990](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo earrainnean [8, 14, 15, 17 de dh'Àchd an Àiteachais \(Laghan AO a Chumadh is Dàta\) \(Alba\) 2020](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 44 de dh'Àchd Ath-leasachadh an Fhearainn \(Alba\) 2016](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 13 dhen Àchd airson an RA a bhith a' Fàgail an Aonaidh Eòrpaich \(Leantainneachd\) \(Alba\) 2021](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo earrainnean [23, 28, 29 de Phàipear-taice 1 de dh'Àchd nam Measaidhean Àrainneachd \(Alba\) 2005](#)

- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fon [Achd airson Slàinte is Math Bheathaichean \(Alba\) 2006](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [Achd Ath-leasachadh nam Modhan-solarachaidh \(Alba\) 2014](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 2 dhen Achd airson Glèidhteachas Nàdair \(Alba\) 2004](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo earrainnean [17, 24](#) de [dh'Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde \(Targaidean gus Sgaoilidhean a Lùghdachadh\) \(Alba\) 2019](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 54 de dh'Achd an Tuathanachais Uisge is an Iasgaich \(Alba\) 2013](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 56E de dh'Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 1980](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 19C de dh'Achd nan Croitearan \(Alba\) 1993](#)

Buil 3: Tha siostam bìdh na h-Alba a' toirt brosnachadh is taic dhan t-sluagh a bhith fallainn nam bodhaig is nan inntinn, agus mar thoradh air sin thig lùghdachadh air euslaintean co-cheangailte ri biadh is daithead.

Dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte:

- An dleastanas a th' air Ministearan na h-Alba gus dìon a chur air slàinte a' phobaill a thaobh euslaintean co-cheangailte ri daithead
- A' foillseachadh stiùireadh, ro-innleachdan is phlanaichean co-cheangailte ri daithead is slàinte
- A' bhuidh a th' aig co-dhùnaidhean co-cheangailte ri planadh air na th' ann de dh'àiteachan far am faighear biadh agus air an t-seòrsa àiteachan a tha a' reic biadh
- A' beachdachadh air a' bhuidh a th' aig iomairtean margaidheachd bìdh is iomairtean reic bìdh air slàinte a' phobaill
- Mar as urrainn do chùisean co-cheangailte ri biadh buaidh a thoirt air slàinte-inntinn agus math dhaoine

Dleastanasan a th' ann An-dràsta taobh a-staigh Reachdais:

- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [Achd a' Bhìdh \(Alba\) 2015](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [Achd nan Sgoiltean \(A' Cur Slàinte air Adhart is Beathachadh\) \(Alba\) 2007](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [Achd Ath-leasachadh nam Modhan-solarachaidh \(Alba\) 2014](#)

Buil 4: Tha ar roinn bìdh is dheochan a' soirbheachadh, eadar-mheasgaichte, innleachdach, agus glè chudromach do mhath eaconamach is sòisealta na dùthcha aig ìre nàiseanta is ionadail. Tha i aig teis-meadhan na h-iomairt gus Alba a stèidheachadh mar dhùthaich a tha tèarainte is làidir a thaobh biadh, agus tha i a' cruthachadh is a' cumail taic ri obraichean is gnothachasan anns a bheil inbhean-obrach cothromach gan cur an sàs.

Dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte:

- A' bhuaidh a th' aig co-dhùnaidhean co-cheangailte ri planadh air na th' ann de dh'fhearann a tha ri fhaotainn air an gabhadh tòrr bidh fhàs (me, fearann àiteachais glè thorrach), agus air far a bheil goireasan giullachd-bìdh stèidhichte
- A' cur inbhean-obrach cothromach an sàs nuair a thathar a' toirt biadh seachad ann an sgoiltean, ospadalan, prìosain, dachaighean-cùraim, agus àiteachan-obrach poblach eile
- A' foillseachadh stiùireadh airson na roinne-gnothachais co-cheangailte ri biadh
- A' toirt taic ionmhasail agus neo-ionmhasail do roinnean-gnothachais co-cheangailte ri biadh
- A' toirt seachad stiùireadh is taic, a thaobh innleachdas, dhan roinn-gnothachais co-cheangailte ri biadh

Dleastanasan a th' ann An-dràsta taobh a-staigh Reachdais:

- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 137 dhen Achd airson Cumhachd do Choimhearsnachdan \(Alba\) 2015](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo earrainnean [53](#), [53A](#) agus [56A de dh'Achd an Fhoghlaim \(Alba\) 1980](#)
- Nuair a thathar a' coileanadh dhleastanasan fo [earrainn 29 de dh'Achd an Riaghaltais Ionadail ann an Alba 2003](#)

Buil 5: Tha cultar bìdh brìoghmhor aig Alba agus sluagh againn aig a bheil ùidh ann am, agus a tha air an oideachadh a thaobh, biadh math is seasmhach.

Dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte:

- A' toirt stiùireadh do dh'ùghdarrasan ionadail air ro-innleachdan airson a bhith a' cur is a' fàs biadh, a thaobh lotaichean-gàrraidh; fearann fo shealbh choimhearsnachdan; a' faighinn cuidhteas de sgudal; agus na nithear le toraidhean a bharrachd, me bho lotaichean-gàrraidh
- A' lìbhrigeadh foghlam bìdh
- A' toirt ghoireasan airson sgilean a leasachadh is trèanadh do luchd-toraidh bìdh, agus do dhaoine eile a tha ag obair ann an roinn a' bhìdh is nan deochan
- A' cur an dreuchd agus a' stèidheachadh raon-ùghdarras a' Chòcaire Nàiseanta
- A' cur biadh is dheochan air adhart an lùib turasachd

Buil 6: Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson biadh fìor mhath agus tha sinn airson cur ris a' chliù sin. Tha co-dhùnaidhean a nì sinn ann an Alba a' cuideachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostaman bìdh ionadail agus cruinneil. Tha sinn a' co-phàirteachadh ar sàr dhòighean-obrach agus ag ionnsachadh mu na sàr dhòighean-obrach aig càch gu h-eadar-nàiseanta.

Dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte:

- A' beachdachadh air cùisean co-cheangailte ri biadh nuair a thathar a' dealbh agus a' cur phoileasaidhean malairt an sàs
- A' cur air adhart biadh aig a bheil teisteanas 'malairt chothromach'
- A' cur air dòigh cothroman gus tadhal air fèilltean eadar-nàiseanta co-cheangailte ri biadh

Ceist 19

Am biodh sibh cho math innse dhuinn ma tha dleastanas sam bith ann a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte a bu chòir a bhith san liosta, agus nach eil, no a bheil dleastanas sònraichte buntainneach ann a bu chòir a bhith ann?

Ceist 20

Carson a tha sibh a' smaoinichadh gum bu chòir na dleastanasan sònraichte sin/na dleastanasan a bhuineas ri tuairisgeul sònraichte sin a bhith san liosta?

Foirm Fiosrachaidh an Neach-fhreagairt

Cuimhnichibh gum **feum** sibh am foirm seo a lìonadh a-steach agus a thilleadh leis na freagairtean agaibh.

Airson fiosrachadh air mar a làimhsicheas sinn ur dàta pearsanta, coimheadaibh air ar poileasaidh airson prìobhaideachd: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil sibh a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidhinn?

- Neach fa leth
 Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh-fòn

Seòladh

Còd-puist

Seòladh Puist-d

Tha Riaghaltas na h-Alba a' sireadh ur cead gus ur freagairt dhan cho-chomhairleachadh fhoillseachadh. Dè as fheàrr leibh a thaobh foillseachadh?

- Foillsich mo fhreagairtean le m' ainm
 Foillsich mo fhreagairtean a-mhàin
(gun m' ainm)
 Na foillsich mo fhreagairtean

Fiosrachadh do bhuidhnean:

Tha an roghainn 'Foillsich mo fhreagairtean a-mhàin (gun m' ainm)' ann do dhaoine fa leth a-mhàin. Ma roghnaicheas buidheann seo, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh fhathast.

Ma roghnaicheas sibh 'Na foillsich mo fhreagairtean', dh'fhaodadh gun tèid ainm na buidhne agaibh a shealltainn fhathast mar bhuidhinn a chuir freagairtean a-steach dhan cho-chomhairleachadh, mar eisimpleir, san aithisg sgrùdaidh.

Thèid ur freagairtean a sgaoileadh am measg sgiobaidhean poileasaidh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a tha math dh'fhaodte a' dèiligeadh ris na cùisean air a

bheil sibh a' bruidhinn. Dh'fhaodadh gum bi iad airson fios a chur thugaibh, ach tha feum againn air ur cead gus sin a dhèanamh. A bheil sibh toilichte cead a thoirt do Riaghaltas na h-Alba fios a chur thugaibh san ùine ri thighinn a thaobh a' chomhairleachaidh seo?

- Tha
- Chan eil



© Còraichean a' Chrùin 2024

OGL

Tha an sgrìobhainn seo ga foillseachadh fo chumhachan Chead Riaghaltais Fosgailte v3.0 ach a-mhàin nuair a chanar a chaochladh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhlaibh air **nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3** no sgrìobhaibh chun an Sgio-ba airson Phoileasaidhean Fiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d thuca: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**

Ma tha sinn air fiosrachadh a chomharrachadh fo chòraichean chuideigin eile, feumaidh sibh cead fhaighinn bhuapasan gus am fiosrachadh sin a chleachdadh.

Gheibh sibh an sgrìobhainn seo aig **www.gov.scot**

Ma tha ceistean agaibh mun sgrìobhainn seo, bu chòir dhuibh an cur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh an Naoimh Anndra
Dùn Èideann
EH1 3DG
ISBN: 978-1-83521-423-7 (eadar-lìon a-mhàin)

Air a foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Faoilleach 2024

Air ullachadh do Riaghaltas na h-Alba leis a' Bhuidhinn APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1351442 (01/24)

W W W . g o v . s c o t